

Cuairt-litir . Newsletter



Comann nam Pàrant

Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig
Gaelic Medium Education in Scotland

Samhradh 2023

Summer 2023



Comann nam Pàrant

5 Caolshràid Mhicheil | Inbhir Nis | IV2 3HQ | Fòn: 01463 234138 | Facs: 01463 237470 | Fòn-làimhe: 07771834481
5 Mitchell Lane | Inverness | IV2 3HQ | Tel: 01463 234138 | Fax: 01463 237470 | Mobile: 07771834481

www.parant.org.uk



Clàr-Innse / Contents

- 2 [Goireasan / Resources](#)
- 3 [Goireasan 1 / Resources](#)
- 4 [Goireasan 2 / Resources 2](#)
- 5 [Goireasan / Resources 3](#)
- 6 [Fiosrachadh as ùire bho Acair / Latest information from Acair](#)
- 7 [Comhairle nan Leabhraichean](#)
- 8 [The Gaelic Books Council](#)
- 9 [Còmhraidh Nàiseanta air Foghlam / National Discussion on Education](#)
- 10 [Co-bhuidheann-obrach Sealach air Cothroman Eaconamach is Sòisealta dhan Ghàidhlig / Short Life Working Group on Economic and Social Opportunities for Gaelic](#)
- 11 ['Còir laghail' air Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig?](#)
- 12 [A 'Legal Right' to Gaelic medium education?](#)
- 13 [Aithisg air an Sgrùdadh Neo-eisimeileach air Teisteanasan is Measaidhean Report of the Independent Review of Qualifications and Assessment](#)
- 14 [Luchd-Sgrùdadh an Rìgh Aithisgean agus Stiùireadh HM Inspector reports and guidance](#)
- 15 [Survey PRAEG](#)
- 16 [Ùrachadh air na Tràth-bhliadhnaichean / Early Year's Update](#)
- 17 [Comunn na Gàidhlig](#)
- 18 [Dealbhan Campa Sradagan 2023](#)



Goireasan / Resources

Ionnsaich Gàidhlig le ur cuid chloinne!

Tha e uamhraidh cudromach gu bheil sgoilearan a' cleachdadh agus a' cluinntinn na Gàidhlig san dachaigh a bharrachd air an sgoil. Airson sgoilearan ann am Foghlam Gàidhlig, nì e diofar mòr ma gheibh iad cothrom a' Ghàidhlig a chleachdadh agus a chluinntinn aig an taigh. Chan ann a-mhàin airson piseach a thoirt air a' Ghàidhlig aca ach cuideachd airson sealltainn dhaibh gu bheil spèis agaibh dhan a' chànan. Ma tha pàrantan aig nach eil Gàidhlig a' dèanamh oidhrip gus faclan is abairtean a chleachdadh timcheall na dachaigh, chì na sgoilearan Gàidhlig mar chànan beò a tha freagarrach airson gach ceàrnaidh dhem beatha, chan e dìreach cànan na sgoile. Gu fortanach, tha gu leòr goireasan ann gus taic a chumail ri teaghlaichean a tha ag ionnsachadh na Gàidhlig agus airson theaghlaichean aig a bheil i mar-thà ach feumach air brosnachadh a bhith ga cleachdadh. Tha sinn air liosta a chruthachadh gu h-ìosal air cuid de na goireasan a tha ri làimh agus a bhiodh feumail airson theaghlaichean a tha ag iarraidh barrachd Gàidhlig a chleachdadh timcheall an taighe. Tha sinn daonnan airson 's gum bi na goireasan againn fhèin freagarrach dha teaghlaichean, is mar sin ma tha beachdan sam bith agaibh air goireasan a bharrachd a bhiodh feumail, nach leig sibh fios thugainn.

Learn Gaelic with your children!

It is extremely important that pupils use and hear Gaelic in the home as well as the school. For pupils in Gaelic Education, it will make a big difference if they have the opportunity to use and hear Gaelic at home. Not only for fluency and to develop their abilities in Gaelic but also to foster respect for the language. If parents who are not Gaelic speakers make an effort to use words and phrases around the home, pupils will see Gaelic as a living language which is part of every area of their lives, not just a language of school. Fortunately, there is plenty support for families that are learning Gaelic and for those who already have the language but require encouragement to use it. We have created a list below on some of the resources that are available that would be useful for families to use more Gaelic around the home. We want our own resources to be appropriate for families, and if you have any ideas for additional resources, please contact us.



Comann nam Pàrant

Air làrach-lìn Comann nam Pàrant, tha gu leòr fiosrachadh is comhairle mu Fhoghlam Gàidhlig. Cuideachd tha goireasan ri fhaighinn air loidhne agus ceanglaichean do ghoireasan eile. Mar eisimpleir, tha copaidhean de chairtean Dealbh is Facal a tha feumail airson cleachdadh timcheall an taighe. Ma tha sibh ag iarraidh leth-bhreacan, cuiribh fios thugainn agus cuiridh sinn sin thugaibh gun chosgais sam bith.

Comann nam Pàrant

On the website Comann nam Pàrant, there is plenty of information and advice about Gaelic Education. Also, there are online resources and links to other sites. There are, for example, copies of the picture and word cards which are useful around the house. If you would like to get a hard copy of these, please contact us and we can send you them free of charge.

Neadan

Air ar làrach-lìn eile, neadan.scot, tha focus ann air na trath-bhliadhnaichean agus Gàidhlig san dachaigh agus coimhearsnachd le fiosrachadh ann mu Bookbug Gàidhlig, buidhnean trath-bhliadhnaichean, cur-seachadan agus clasaichean Gàidhlig an asgaidh dha pàrantan. Tha goireasan ann mar postairean is flashcards air diofar chuspairean.

Neadan

On our other website, neadan.scot, there is a focus on the early years and Gaelic in the home and community with information about Gaelic Bookbug, early years groups and activities and classes that are available free of charge to parents. There are resources such as posters and flashcards on different subjects.

Gaelic 4 Parents

Cluba Obair-Dachaigh – Diluain gu Diardaoin eadar 5.30f gu 7.30f, bidh Gaelic4Parents a' tabhann seirbheis bheò airson taic a thoirt seachad le obair-dachaigh. Tha tidsearan ann a bhios a' cumail taic ri sgoilearan le ceistean mun obair dachaigh aca. Tha seo gu sònraichte feumail airson teaghlachan aig nach eil tòrr Gàidhlig aig an taigh.

Leabhraichean Èisteachd - tha gu leòr faidhleachan-fuaim ann de leabhraichean Gàidhlig air an làrach-lìn. Gheibh sibh faidhleachdan-fuaim mu choinneimh nan leabhraichean a tha anns na pasgain Bookbug. Cuideachd, tha sreth de leabhraichean Storyworlds agus Oxford Reading Tree.

A bharrachd air seo gheibh sibh geamaichean air-loidhne, spòrsail airson sgilean cànanain na cloinne a thoirt air adhart.

Fáilte! - Gaelic4Parents

Gaelic 4 Parents

Homework club – Monday to Thursday between 5:30 to 7:30, Gaelic4Parents offer a live homework help. There are teachers available to answer pupil's questions about their homework. This is particular helpful for families who don't have a lot of Gaelic at home.

Sound Files – there are plenty of sound-files of Gaelic books on the website, Gaelic 4 Parents, There are books for the early year that you find in the bookbug bag. Also the series of Storyworld & Oxford Reading Tree books.

As well as this, there are games for children to do online, fun ways to develop their language skills.

Fáilte! - Gaelic4Parents



SpeakGaelic

'S e cùrsa fìor mhath a tha seo, a bheir bho ìre A1 (bunasach) gu ìre C1 (fileanta) sibh. Cha robh riamh cùrsa Gàidhlig ann a bha cho buileach iomlain ri seo. Gheibh sibh air ionnsachadh ann an diofar dhòighean, biodh sin le bhith ag ionnsachadh air ur ceann fhèin no le bhith a' falbh gu clasaichean aghaidh-ri-aghaidh agus air-loidhne. Barrachd fiosrachaidh an seo - [Home • SpeakGaelic](#)

Tha Comann nam Pàrant cuideachd an dùil goireasan a bharrachd a chruthachadh a ghabhas cleachdadh cuide ris a' chùrsa is fòcas a bharrachd air briathrachas a tha ceangailte gu h-àraidh ris an dachaigh. Bidh iad seo rim faighinn air [Neadan.scot](#).

SpeakGaelic

This is a very good course, that will take you from A1 (simple) to C1 (fluency). There has never been a Gaelic course that is so complete as this one. You will get taught in different ways, whether that would be learning independently or attending classes face-to-face or online. More information here - [Home • SpeakGaelic](#)

Comann nam Pàrant also plan to create extra resources that can be used along with the course focusing on vocabulary useful in the house. This will be available on [Neadan.scot](#)

BBC – Ionnsaich le BBC Alba

Tha bhidiothran is gu leòr ghoireasan ionnsachaidh airson sgoilearan Foghlam Gàidhlig bho BBC Alba. Bhidiothan ghoiridh airson cuspairean mar Matamatis, Litearrachd, Saidheans agus Cuspairean Sòisealta. Tha gu leòr ghoireasan ri fhaighinn airson ìre na h-àrd-sgoil, Nàiseanta 4, Nàiseanta 5, àrd-ìre agus sàr àrd-ìre agus cuideachd airson Gàidhlig (luchd-ionnsachaidh)

[BBC ALBA - Ionnsaich le BBC ALBA](#)

BBC – Learn with BBC

There are videos and plenty of other learning materials for Gaelic Education from BBC Alba online. Short videos in Gaelic for a range of topics such as Maths, Literacy, Science and Social Subjects. There is a lot of material available secondary level for National 4, National 5, higher and Advanced Higher and also for Gaelic (Learners)

[BBC ALBA - Ionnsaich le BBC ALBA](#)



Faclairean & stiùireadh le gràmar

Airson sgoilearan nas sìne, bhiodh na faclairean a leanas nan taic dhaibh:

Facclair na Sgoile (aplacaid air a' fòn) – Chan e facclair Gàidhlig – Beurla a tha seo, ach bheir e dhuibh mìneachadh air ciall an fhacail sa Ghàidhlig fhèin.

Ma tha sibh a' sireadh fhacal nach aithne dhuibh sa Ghàidhlig, mholamaid na faclairean air-loidhne a leanas a chleachdadh airson ur cuideachadh:

LearnGaelic - Dictionary

Am Faclair Beag - Scottish Gaelic Dictionary

Tha seo math cuideachd airson an dleastanas a thoirt air na sgoilearan airson an obair aca fhèin a dhèanamh is a dhearbhadh. Cuideachd, mholamaid gum biodh facclair ri fhaighinn san taigh airson a h-uile duine san teaghlach.

Mas e stiùireadh soilleir air riaghailtean gràmar is litreachadh na Gàidhlig a tha dhìth oirbh, feuch gun toir sibh sùil air an aplacaid bhig, chuideachail aig Sealgar Ltd **ÌùlGhràmair**

Dictionaries and guidance with grammar

For older pupils, these dictionaries would be helpful to them:

Facclair na Sgoile – Apps on Google Play –

This is not a Gaelic – English dictionary, but it will give you the meaning of the word in Gaelic.

If you are searching for a word that you don't recognise in Gaelic, we would recommend using these online dictionary to help:

LearnGaelic - Dictionary

Am Faclair Beag - Scottish Gaelic Dictionary

This is good also for the youngsters to take responsibility for doing and checking their own work. Also, we would recommend that there is a dictionary in the house for everybody in the family.

If you are looking for clear advice on Gaelic grammar rules and spelling, have a look at these handy app from Sealgar Ltd, **ÌùlGhràmair**

Foghlam Alba – Parentzone

Tha comhairle is beachdan ri fhaighinn cuideachd bho Fhoghlam Alba mu dheidhinn a bhith a' cleachdadh barrachd Gàidhlig taobh a-muigh na sgoile. Gheibh thu am fiosrachadh ud an seo.

[Gaelic Medium Education: Activities to support fluency development | Learning at home | Parentzone Scotland | Education Scotland](#)

Education Scotland – Parantzone

There is advice & ideas from Education Scotland about using more Gaelic outside the school. You will get full information here.

[Gaelic Medium Education: Activities to support fluency development | Learning at home | Parentzone Scotland | Education Scotland](#)



Fiosrachadh as ùire bho Acair


Latest information from Acair

Tha sinn air leth toilichte innse gu bheil trì leabhraichean chloinne ùra ri ‘m faighinn air ar làrach-lìn; [Ialtag fo Eagal](#), [Steigte a-staigh](#) agus [Mo Chiad Leabhar Chreutairean Mara](#).

Tha trì leabhraichean ann a-nis san t-sreath ‘Mo Chiad Leabhar’ agus iad uile làn dhealbhan bhreagha agus gu leòr ri ionnsachadh cuideachd! Theid agaibh air na leabhraichean a’ chluinntinn air làrach [Gaelic4Parents](#) cuideachd – gun cosgais sam bith!

Tha sinn a’ tabhainn cothrom an-dràsta gus na trì leabhraichean san t-sreath seo a’ cheannach aig prìs sònraichte – na trì leabhraichean airson £20 le cosgaisean postachd na luib! Cleachdaibh còd ‘CnamP23’ aig a’ bhùth air-loidhne!

Cuimhnicheabh gu bheil leabhraichean-èisteach chloinne saor-an-asgaidh againn cuideachd agus taghadh gu leòr ann air ar [làrach-lìn](#)!



We are delighted to share that we have three new children’s books available on the website; [Ialtag fo Eagal](#), [Steigte a-staigh](#) and [Mo Chiad Leabhar Chreutairean Mara](#).

There are now three titles in the ‘My First Book’ range, all of which are packed with beautiful images and lots of educational information! Not only that, but the audio files for these books can be downloaded free of charge through the [Gaelic4Parents](#) website.

We are currently running a special offer for these three books where you can buy them all for £20 with postage included! Just use the code ‘CnamP23’ at the checkout!

Remember, Acair offer a range of children’s titles as audiobooks which can be downloaded free of charge on our [website](#)!



Comhairle nan Leabhraichean

Ma tha sibh a' sireadh ghoireasan leughaidh Gàidhlig, seallaibh air làrach-lìn Comhairle nan Leabhraichean. 'S e prìomh-bhuidheann litreachas na Gàidhlig a th' annta agus tha bùth leabhraichean aca ann an Glaschu agus [air-loidhne](#), far an ceannaichear iomadach leabhar Gàidhlig.

Tha [pailteas de leabhraichean cloinne ann](#), airson gach aois is ìre leughaidh. Ann an cuid de leabhraichean, gheibhear [ceangal bho Gaelic4Parents](#) gu clàradh de na sgeulachdan air an leughadh gus an urrainn do phàrantan aig nach eil uiread de Ghàidhlig an sgeul a leantainn. Cuideachd, gheibhear goireasan ionnsachaidh, a leithid fhaclairan cloinne mar [Dealbh is Facal](#), dòigh dhathach eadar-gnìomhachd do chloinn is do phàrantan faclan ùra ionnsachadh. Seallaibh air a' bhùth air-loidhne, no rachaibh a chèilidh orra gus tuilleadh leabhraichean fhaicinn.

Air an Disathairne mu dheireadh de gach mìos bidh seiseanan [Leugh is Seinn le Linda](#) rim faighinn aig bùth Comhairle nan Leabhraichean. 'S iad seo seiseanan-leughaidh Gàidhlig le sgeulachdan, òrain, pupaidean agus geamannan, air an lìbhrigeadh leis an tosgaire leughaidh, Linda NicLeòid! Gu tric bidh Linda a' siubhail gu sgoiltean air feadh Alba cuideachd, gus seiseanan a chumail is coinneachadh ri pàistean. Mura faigh sibh a Ghlaschu, faighnichibh dha luchd na sgoile agaibh mu sheiseanan Leugh is Seinn le Linda a chumail gu h-ionadail. Tha fiosrachadh a bharrachd mu amannan nan seiseanan sa bhùth air [làrach-lìn Comhairle nan Leabhraichean](#), agus air [duilleag Facebook Leugh is Seinn le Linda](#).

Tha fèisean leabhraichean rim faighinn air feadh Alba, agus bidh Comhairle nan Leabhraichean a' cur taic ri tachartasan Gàidhlig leotha. 'S urrainnear na tachartasan litreachais Gàidhlig ri thighinn fhaicinn tron làraich-lìn aca, no le bhith a' clàradh airson [cuairt-litir Comhairle nan Leabhraichean](#). Bidh Fèis Leabhraichean Byres Road a' gabhail àite san t-Sultain, mar sin cùmaibh ur sùilean fosgailte airson na bhios a' tachairt an uair sin!

Tha Comhairle nan Leabhraichean a' cur tachartasan air dòigh fad na bliadhna, agus a' cur taic ri foillseachadh leabhraichean Gàidhlig. Mar sin, ma tha barrachd fiosrachadh a dhìth oirbh, no ma tha sibh airson bruidhinn ri cuideigin mu dheidhinn, tadhailibh air www.gaelicbooks.org no cuiribh fòn gu 0141 337 6211.



Comhairle nan
Leabhraichean
The Gaelic Books Council



The Gaelic Books Council

Looking for Gaelic reading resources? Check out the Gaelic Books Council. The Gaelic Books Council is the lead organisation for supporting Gaelic literature, with a bookshop in Glasgow and online to suit every need.

There are plenty of Gaelic children's books available from them, for every age group and reading level. Some children's books even include a link to Gaelic4Parents with a recording of the story being read aloud so that parents with little to no Gaelic can follow along. There are also learning materials available, including children's picture dictionaries like Dealbh is Facal, a colourful, interactive way of learning Gaelic for children and parents. To see all the Gaelic books on offer visit the shop (online or in Glasgow).

On the last Saturday of each month Leugh is Seinn le Linda sessions are held at the Gaelic Books Council shop. These are Gaelic reading sessions with stories, songs, puppets and games, delivered by the Gaelic reading ambassador, Linda Macleod (from TV!). Linda also often travels to schools across Scotland to do in-person sessions. If you can't make it to Glasgow, ask your school about organising sessions for children locally. More information about the Gaelic bookshop sessions is available from the Gaelic Books Council website and the Leugh is Seinn le Linda Facebook page.

Scotland has a wealth of book festivals, and the Gaelic Books Council supports them to hold Gaelic events. Upcoming Gaelic literary events can be found on the Gaelic Books Council website, or sign up to their newsletter to keep up-to-date. Byres Road Book Festival will be kicking off again in September, so keep your eyes peeled for events taking place then!

The Gaelic Books Council runs a programme of events and activities year round, as well as supporting the publication of Gaelic books. If you would like to find out more, or speak to someone about Gaelic books, visit www.gaelicbooks.org or call 0141 337 6211.



**Comhairle nan
Leabhraichean**
The Gaelic Books Council



Còmhradh Nàiseanta air Foghlam National Discussion on Education

Chaidh an Aithisg Dheireannach air a' Chòmhradh Nàiseanta air Foghlam fhoillseachadh aig deireadh a' Chèitein.

Mar phàirt dhen chòmhradh, choinnich riochdairean bho luchd-buileachaidh neo-eisimeileach a' Chòmhradh Nàiseanta le Comann nam Pàrant aig tè dhe coinneamh an luchd-ùidhe againn. Dh'fhreagair sinn cuideachd an t-suirbhidh air-loidhne. Bha sinn toilichte faicinn gun robh aithneachadh air choireigin air Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig anns an aithisg is beachd a thogadh bhon fhreagairt againn na lùib cuideachd.

8.12 Gus com-pàirteachadh a dhèanamh gu brìghmhor agus gu h-iomchaidh le farsaingeachd de dhaoine, feumar aire a thoirt gu smaoinichail air mar a thathar a' dealbhadh chonaltraidhean, co-chomhairle, com-pàirteachadh, agus cothroman eile do dhaoine gus pàirt a ghabhail ann, an guth a chur ris, agus gus èisteachd fhaighinn. Tha seo gu sònraichte fìor airson daoine agus buidhnean a tha fo anacothrom, air an iomall, no nach eil air an cluinntinn cho tric. Chaidh a dhèanamh soilleir cuideachd gum feumar obrachadh le eadar-mheadhanairean earbsach, a bhith a' freagairt gu cultarach, a bhith a' cleachdadh chànanan coimhearsnachd, agus a bhith cinnteach gum bi conaltradh ruigsinneach. Chaidh a ràdh gu soilleir gu bheil e riatanach a bhith a' dèiligeadh ri bacaidhean air conaltradh agus a bhith a' cur luach air a h-uile guth.

“Tha e deatamach gun tèid ceuman freagarrach, buadh mhor a ghabhail gus dèanamh cinnteach gun gabhar Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig a-steach ann an leasachadh sam bith agus gun tèid co-chomhairleachadh iomchaidh a dhèanamh le roinn FMG agus le buidhnean nàiseanta a chumas taic ri FMG gus dèanamh cinnteach gun toir atharrachadh sam bith FMG am feabhas.”

<https://www.gov.scot/publications/learners-scotland-matter-national-discussion-education-final-report/documents/>

The Final Report on the National Discussion on Education was published at the end of May.

As part of the discussion representatives of the independent facilitators of the National Discussion met with Comann nam Pàrant at one of our stakeholder meetings. We also responded to the online survey. We were pleased to see some recognition of Gaelic medium education in the report particularly with reference to the inclusion of a comment from our response.

8.12 Meaningfully and appropriately engaging with a wide range of people requires thoughtful attention in the design of communications, consultation, engagements, and other opportunities for people to contribute, add their voice, and be listened to. This is particularly the case for people and groups who are disadvantaged, marginalised, or less frequently heard. The need to build trust, to work with trusted intermediaries, to be culturally responsive, to use community languages, and to ensure accessibility for engaging were all highlighted. Addressing barriers to engagement and valuing all voices was stressed as essential.

“It is essential that active steps are taken to ensure that Gaelic-medium Education (GME) is included in any developments and that appropriate consultation with the GME sector and national organisations supporting GME, is undertaken to ensure developments impact positively.”

<https://www.gov.scot/publications/learners-scotland-matter-national-discussion-education-final-report/documents/>



Co-bhuidheann-obrach Sealach air Cothroman Eaconamach is Sòisealta dhan Ghàidhlig Aithisg dha Rùnaire a' Chabineit airson Ionmhas agus na h-Eaconamaidh

Ann an Mhàrt 2022, chuir Rùnaire a' Chabineit airson Ionmhas agus na h-Eaconamaidh air bhonn Co-bhuidheann-obrach Sealach, leis a' cheann-uidhe a bhith a' neartachadh na Gàidhlig, is beum ga chur air cothroman eaconamach a tha ceangailte ris a' chànan agus mar a chuireadh a' Ghàidhlig ris an eaconamaidh fhèin. Tha a' bhuidheann a-nis air an aithisg fhoillseachadh anns an do rinneadh molaidhean a bhuineas do Shluagh is Bhun-structar, don Roinn Phoblaich is Planaichean Gàidhlig, Choimhearsnachd, do dh'Fhoghlam agus Phrìomh Roinntean. Tha 11 molaidhean ann airson foghlaim, agus ged a tha sinn ag aontachadh leis a h-uile moladh, bu mhath leinn ur n-aire a thoirt do na ceithir a leanas mar phrìomhachasan:

3.4.1 Gus buannachdan eaconamach is foghlaim a làn-bhuileachadh feumar, mar èiginneachd, ro-innleachd a dhealbh a thòisicheas a' cur às don neo-ionannachd ann am foghlam Gàidhlig aig ìre àrd-sgoile, a tha na bhacadh air togail cànan agus misneachd gus an cànan a chleachdadh, leis an amas dèanamh cinnteach gu bheil measgachadh farsaing de chuspairean ri fhaighinn tro mheadhan na Gàidhlig gu ìre teisteanais.

3.4.4 Gum bu chòir taic fhreagarrach, chunbhalach a chur air dòigh do luchd-cleachdaidh nan tràth-bhliadhnaichean is tidsearan Gàidhlig gus piseach a thoirt air cùisean is glèidheadh luchd-obrach, a' gabhail a-steach dòighean bogaidh, ionnsachadh leantainneach fad-dreuchd ann an sgilean cànan is a bhith a' solaradh farsaingeachd nas motha de ghoireasan fìor mhath gus cur às don fheum a th' aig tidsearan a bhith a' cruthachadh uimhir de na stuthan teagaisg aca fhèin.

3.4.6 Gum bu chòir foghlam Gàidhlig a thoirt air adhart aig a h-uile ìre, le cothrom air a leasachadh tro chòmhdhail is teicneòlas, far a bheil sin freagarrach, is le aithne air na buannachdan eaconamach, is cuideachd foghlaim, a nochdas bho leasachadh agus leudachadh solair. Gu h-àraid, bu chòir beachdachadh air mar a b' urrainn còir laghail air foghlam Gàidhlig a stèidheachadh mar dhòigh a bhith cinnteach gun tèid solar a leudachadh is cothroman air a leasachadh.

3.4.10 Gum bu chòir sgrùdadh is ùrachadh a dhèanamh air an Stiùireadh Reachdail airson Foghlam Gàidhlig is an inbhe aige a bhith air a chur air adhart gu farsaing ann am foghlam na h-Alba le measgachadh de mhodhan-obrach gan cur an sàs, tro phoileasaidh, aithrisean bliadhna is luchd-sgrùdaidh sgoiltean, gus a bhith cinnteach gu bheil ùghdarrasan ionadail is luchd-poileasaidh foghlaim a' cumail gu dlùth ris na prionnsapalan aige.

<https://www.gov.scot/publications/short-life-working-group-economic-social-opportunities-gaelic-report-cabinet-secretary-finance-economy/>

Short Life Working Group on Economic and Social Opportunities for Gaelic Report to the Cabinet Secretary for Finance and the Economy

In March 2022, the Cabinet Secretary for Finance and the Economy convened a Short Life Working Group the aim of which was to strengthen Gaelic by means of a focus on economic opportunities and to strengthen the economy by making the most of Gaelic opportunities. The group has now produced its report which has many recommendations relating to Population and Infrastructure, Public sector and Gaelic Plans, Communities, Education and Key Sectors. There are 11 recommendations in total for education, which CnP fully supports but we would highlight the following 4 as priorities:

3.4.1 In order to fully realise economic, as well as educational, benefits a strategy is developed urgently to begin overcoming the disparity in provision in Gaelic secondary education, which inhibits fuller language acquisition and confidence in language use, with the aim of ensuring a broad range of subjects is available through the medium of Gaelic to certificated level.

3.4.4 Adequate, regular support for early years practitioners and Gaelic teachers be put in place to improve conditions and retention, including immersion techniques, ongoing CPL in language skills and the provision of a wider range of quality resources to negate the need for teachers to produce so much of their own materials.

3.4.6 Gaelic education should be developed at all levels, with access improved through transport and use of technology, where appropriate, and acknowledgement of the economic, as well as educational, benefits from improved and expanded provision. In particular, consideration should be given as to how a legal right to Gaelic education may be implemented to ensure expansion in provision and improved access.

3.4.10 Statutory Guidance on Gaelic Education should be reviewed and refreshed and its status promoted widely within Scottish education with a range of mechanisms put in place, through policy, annual reporting and school inspections, to ensure adherence to its principles by local authorities and education policymakers.

<https://www.gov.scot/publications/short-life-working-group-economic-social-opportunities-gaelic-report-cabinet-secretary-finance-economy/>



‘Còir laghail’ air Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig?

Bha freagairt Chomann nam Pàrant dhan cho-chomhairle air a’ bhile a thathar a’ moladh airson chànanan na h-Alba soilleir mun t-seasamh againn gum feumar aithne reachdail a thoirt do dh’fhoghlam tro mheadhan na Gàidhlig.

“Tha Riaghaltas na h-Alba air gluasad gu dòigh-obrach airson dèanamh-poileasaidh a tha stèidhichte gu bunaiteach air còraichean daonna, dòigh-obrach a dh’fheumas an reachdas seo a stiùireadh. Tha a’ Ghàidhlig na pàirt de chlàr-gnothaich na co-ionannachd ach chan eilear ga làimhseachadh mar nì cudromach an coimeas ri cinneadh, gnè, taobhadh feise no ciorram. Bhiodh dòigh-obrach stèidhichte air còraichean a’ leabachadh Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig (FMG) agus bheireadh e dha inbhe cho-ionann ri Foghlam tro Mheadhan na Beurla (FMB). Bhiodh seo na ghealltanais soilleir gun robhar airson àrdachadh a thoirt air àireamhan na cloinne ann am foghlam tron Ghàidhlig, a bhith a’ brosnachadh co-ionannachd, agus a bhith a’ coileanadh a’ mhiann aig a’ mhòr-chuid de shluagh na dùthcha, gun tèid taic a cumail ris a’ chànan. Mar thoradh air inbhe na Gàidhlig mar mhion-chànan, agus air Artaigil 30 den UNCRC, tha an t-àm a-nis ann an Alba gus còir a chruthachadh do theaghlaichean air FMG; tha a’ bhunait reachdail seo ro-chudromach gus dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig a’ chloinn air fad foghlam fhaighinn anns a’ chànan nàiseanta aca agus gus luchd-dèanamh poileasaidh agus luchd-cleachdaidh nàiseanta is ionadail a chumail cunntachail san dòigh sa bheil iad a’ dèiligeadh ris na dùbhlain a tha an lùib lìbhrigeadh FMG. Bhiodh seo cuideachd na dhearbhadh gun robh luchd-reachdais an da-rìribh mu bhith a’ leasachadh na Gàidhlig am measg an t-sluaigh san fharsaingeachd, a bhith a’ cur FMG air stèidh cho-ionann ri FMB agus a’ toirt aithne do luchd-labhairt dùthchasach na Gàidhlig san dùthaich seo mu dheireadh thall.”

Tha an aithisg a chaidh fhoillseachadh bho chionn ghoirid bhon Bhuidheann-obrach Beatha-ghoirid air Cothroman Eaconamach is Sòisealta dhan Ghàidhlig a’ toirt taic dhan phrionnsapal gum biodh còir reachdail ann agus e a’ dèanamh a’ mholaidh a leanas:

“Bu chòir cothrom air foghlam Gàidhlig a bhith air a stèidheachadh ann an reachdas cho math ri leudachadh aig gach ìre, a chuidicheas, le leasachaidhean, le bhith a’ toirt misneachd do luchd-labhairt na Gàidhlig agus a libhrigeas builean eaconamach.”

Ach, thog litir fhosgailte gu Bòrd na Gàidhlig bhon bhuidhinn iomairt Misneachd bho chionn ghoirid beagan cheistean mu na buannachdan a bhiodh an lùib còir laghail agus bu toil leinn barrachd soilleireachaidh a thoirt air ar seasamh.

Bu chòir còir laghail a bhith a’ buntainn ri teaghlaichean anns gach ceàrnaidh de dh’Alba. Mus deach Achd an Fhoghlaim 2016 a thoirt a-steach chaidh innse dhuinn nach biodh ‘còir’ practaigeach leis gun cuireadh seo cus cuideam air an t-siostam le iarrtas a bharrachd airson foghlam tro mheadhan na Gàidhlig (FMG) ann an sgìrean ùra, ach ’s ann a dh’fhiosraich sinn gu bheil a’ mhòr-chuid de dh’iarrtas bho phàrantan a’ tighinn às dèidh seirbheis a bhith air a stèidheachadh agus bidh pàrantan a’ fàs mothachail air na bunnachdan a gheibh sibh tro FMG. Feumaidh sinn dèanamh cinnteach ge-tà gu bheil pàrantan a’ faighinn taic ann an reachdas far a bheil iarrtas gus am faigh iad cothrom air FMG.

Bu chòir a’ chòir laghail a bhith airson FMG mar a tha e air a mhìneachadh aig gach ìre de dh’fhoghlam ann an ‘Comhairle air Foghlam Gàidhlig’ aig Foghlam Alba. Is dòcha gur e seo an eileamaid as cudromaiche de chòir laghail, oir chruthaich e inneal a bharrachd do phàrantan a tha airson piseach a thoirt air càileachd agus farsaingeachd foghlam an cuid chloinne. Tha Comann nam Pàrant, agus buidhnean eile, air a bhith ag iomairt fad grunn bhliadhnaichean airson structaran taic a bharrachd ann am FMG a chuireadh ri sgìlean Gàidhlig sgoilearan. Rinneadh tòrr adhartais bho chionn ghoirid, mar eisimpleir, leis a’ chùrsa pileit aig Sabhal Mòr Ostaig airson luchd-cuideachaidh cànan sa chlas, a bhios a’ cluich pàirt deatamach ann a bhith a’ cur taic ri tidsearan agus airson sgìlean cànan aig na sgoilearan a thoirt air adhart.

Bheireadh còir laghail a tha a’ toirt co-ionannachd inbhe do FMG agus foghlam tro mheadhan na Beurla tèarainteachd cuideachd do theaghlaichean le clann ann am FMG, a’ cur as do dhragh sam bith gum b’ urrainn dhan ùghdarras ionadail an t-seirbheis a thoirt air falbh, gu sònraichte ma tha trioblaidean ionmhais air an ùghdarras. Dhèanadh còir reachdail cinnteach gum biodh cothrom air FMG aig a h-uile duine a bhiodh ga iarraidh ann an ùghdarrasan aig a bheil solar mar-thà, a’ dèiligeadh ris an t-suidheachadh anns am bi ùghdarrasan ionadail a’ cur crìoch air na h-àireamhan agus a’ cuingealachadh àireamhan a tha a’ dol a-steach gu FMG.

Tha sinn a’ tuigsinn nach fuasgail còir laghail air foghlam tro mheadhan na Gàidhlig na dùbhlain uile a tha mu choinneamh foghlaim an-dràsta, agus tha sinn ag aithneachadh gu bheil feum air barrachd taic cànan, chan ann a-mhàin anns an sgoil ach cuideachd ann an dachaighean is coimhearsnachdan. Leanaidh Comann nam Pàrant air a’ coiteachadh air iomairtean gus an siostam foghlaim a neartachadh, gus cothroman a chruthachadh taobh a-muigh an t-seòmair-teagaisg do dhaoine òga gus na sgìlean cànan aca a thoirt air adhart agus gus taic a thoirt do theaghlaichean gus a’ Ghàidhlig a chleachdadh nan dachaighean. Tha sinn fada den bheachd gun neartaich còir laghail an suidheachadh againn nuair a tha sinn a’ leantainn nan amasan sin.



A 'Legal Right' to Gaelic medium education?

Comann nam Pàrant's response to the consultation on the proposed Scottish Languages Bill was clear on our position regarding the need for recognition of Gaelic medium education in legislation.

"The Scottish Government has moved to a fundamental human rights-based approach in policy making, an approach which must guide this legislation. Gaelic is part of the equalities agenda but is not treated seriously in comparison to race, gender, sexual orientation, or disability. A rights-based approach would embed Gaelic Medium Education (GME) and give it equal status with English Medium Education (EME). This would give a clear commitment to the increasing numbers of children educated through Gaelic, promote equality, and reflect the desire of the majority of people in the country, that the language is supported.

In recognition of the status of Gàidhlig as a minority language, and Article 30 of the UNCRC, the time has come in Scotland to create the right for families to access GME; this legislative underpinning is fundamental to ensure that all children have the chance to access education in their national language and to hold national and local policy makers and practitioners to account in the way that they address the challenges of GME delivery. This would also demonstrate serious commitment by legislators to develop Gaelic within the broader population, place GME on an equal footing to EME and offer long overdue recognition to the indigenous Gaelic speaking population of this country."

The recent report from the Short Life Working Group on Economic and Social Opportunities for Gaelic supports the principle of a right in legislation making the following recommendation:

"Access to Gaelic education should be enshrined in legislation alongside an expansion at all levels which, with improvements, will help provide confident Gaelic speakers and deliver economic outcomes."

However, a recent open letter to Bòrd na Gàidhlig from the campaign group Misneachd raised some questions on the benefits of a legal right and we would like to give further clarification on our position.

A legal right should apply to families in all areas of Scotland. Prior to the introduction of the Education Act 2016 we were told that a 'right' would not be practical as it would put too much pressure on the system with extra demand for Gaelic medium education (GME) in new areas, but our experience is that most demand from parents comes after a service is established and parents become aware of the opportunities offered through GME. We do need to ensure however that when there is demand for new provision parents are supported in legislation to enable them to access GME.

The legal right should be for GME as it is defined at each stage of education in Education Scotland's 'Advice on Gaelic Education'. This is possibly the most important aspect of a legally defined right, as it would create an additional lever for parents who want the quality and breadth of their child's education to improve. Comann nam Pàrant, and others, have been campaigning over a number of years for additional support structures in GME that would enhance the Gaelic language skills of pupils. There has been progress recently, for example, with the piloting of a course at Sabhal Mòr Ostaig for classroom language assistants, who will have a crucial role to play in supporting teachers and enhancing the language skills of pupils.

A legally defined right giving GME equality of status with English medium education would also provide security for families with children in GME, removing any concern that a service could be withdrawn by a local authority, especially if there are financial pressures on that authority. A right in legislation would ensure access to GME for all who request it from authorities who currently have provision, addressing the effective capping of numbers by local authorities who restrict intakes to GME.

We realise that a legal right to Gaelic medium education will not resolve all of the challenges currently in the system and we recognise that there is a need for more language support, not only within school but also in homes and communities. Comann nam Pàrant will continue to campaign on initiatives to strengthen the education system, provide opportunities outwith the classroom for young people to develop their language skills and support families to use Gaelic in their homes. We firmly believe that a legal right will strengthen our position when pursuing these aims.



Aithisg air an Sgrùdadh Neo-eisimeileach air Teisteanasan is Measaidhean

Chaidh an Sgrùdadh Neo-eisimeileach de Theisteanasan is Mheasaidhean a chur air bhonn gus dèanamh cinnteach gun deigheadh obair chruaidh an luchd-ionnsachaidh gu lèir air ceann shuas na sgoileadh aithneachadh ann an dòigh cho-ionnannan is chothromach. Chaidh an aithisg dheireannach fhoillseachadh san Ògmhios 2023 is i a' moladh gun tèid Scottish Diploma of Achievement [LL1] a thoirt a-steach mean air mhean eadar 2023 is 2032.

An lùib na h-aithisg, tha eisimpleir ann de sgoilear FMG is cuideachd iomradh air na freagairtean a fhuair a bha ceangailte ri FMG:

“Sgoilearan Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig:

B' iad Bòrd na Gàidhlig, Comann nam Pàrant (Nàiseanta), CLAS (Comann Luchd-teagaisg Àrd-Sgoiltean) agus Foghlam Alba a bha am measg nam buidhnean a thug freagairtean dhan Sgrùdadh, a bha a' coimhead ri feumalachdan sònraichte sgoilearan Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig.

Ged a thugadh fa-near gun robh iadsan a tha a' riochdachadh na Gàidhlig a' cur taic ri trì eileamaidean agus prionnsabal an Dioplòma, chaidh na puingean a leanas a thogail:

Ma bhios siostam ùr ann, tha e deatmach bhon fhìor-thoiseach:

- gun tuigear, thar nan taisbeanairean gu lèir, gun toir Alba seachad foghlam ann am Beurla no ann an Gàidhlig, a rèir miann a' phàrant;*
- gum bu chòir cothroman co-ionnann a bhith ann do sgoilearan FMG is FMB gus na ceithir comasan a leasachadh agus leudachadh, agus:*
- gum bu chòir cothroman co-ionnann a bhith ann air goireasan is trèanadh dhan t-siostam FMG is dhan t-siostam FMB.*

Ma thèid gabhail ris an Dioplòma no pàirtean den Dioplòma feumaidh roinn FMG a bhith an sàs ann an dealbhadh agus leasachadh an Dioplòma, a' gabhail a-steach luchd-ionnsachadh agus tidsearan.”

<https://www.gov.scot/publications/future-report-independent-review-qualifications-assessment/>

Report of the Independent Review of Qualifications and Assessment

The Independent Review of Qualifications and Assessment was set up to ensure that the achievements of all senior phase learners in Scotland (predominantly learners aged 15-18) are equally and fairly recognised. The final report was published in June 2023 with a recommendation for a phased introduction of a Scottish Diploma of Achievement throughout the years 2023-2032.

The report includes a case study relating to a GM pupil as well as reference to the responses to the review which relate to GME:

“Gaelic Medium Learners:

Bord na Gàidhlig, Comann nam Pàrant (Nàiseanta), CLAS (Comann Luchd-Teagaisg Àrd Sgoiltean/Gaelic Secondary Teachers' Association) and Education Scotland were amongst the responses received by the Review which considered the specific needs of Gaelic Medium learners.

It was noted that whilst those representing Gaelic interests were broadly supportive of the three components and the principle of the Diploma the following was emphasised:

Any new system needs to start from:

- an understanding across all indicators that Scotland provides education in either English or Gaelic depending on parental choice;*
- opportunities to extend and develop the four capacities must be available equally for GME pupils and EME pupils and:*
- all resourcing and training for education teams should be provided equally for the GME and EME systems.*

If the Diploma or parts of the Diploma is adopted the GME sector including learners and teachers, must be involved in helping to design and develop the detail of the Diploma.”

<https://www.gov.scot/publications/future-report-independent-review-qualifications-assessment/>



Luchd-Sgrùdadh an Rìgh Aithisgean agus Stiùireadh

Bidh modh-obrachan sgrùdadh agus lèirmheas a' cumail taic ri leasachadh, a' toirt seachad stiùireadh ro-innleachdail agus comhairle phroifeasanta neo-eisimeileach. Gu h-ìosal tha earrann à aithisg sgrùdaidh a chaidh fhoillseachadh o chionn ghoirid a tha a' sealltainn cleachdadh fìor èifeachdach ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig. Tha Comann nam Pàrant ag aithneachadh na h-obrach a rinn an luchd-teagaisg air fad ann a bhith a' cuideachadh sgoilearan gus piseach a thoirt air an cuid fileantachd às dèidh buaidh a' ghalair lèir-sgaoilte.

“Tha an ceannard agus an luchd-teagaisg air feum rianail agus làidir a dhèanamh den ‘Chomhairle air Foghlam Gàidhlig’ mar sgrùdadh fèin-luachaidh san sgoil thar ùine. Mar thoradh air sin, chaidh adhartas seasmhach agus soirbheachail a dhèanamh ann a bhith a' cur àireamhan am meud ann am Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig. Tha cha mhòr a h-uile clàradh san sgoil airson Foghlam tro Mheadhan na Gàidhlig. Tha tuigse fìor làidir aig a' cheannard agus an luchd-teagaisg air prionnsapalan bogaidh agus mar a thèid a thoirt air adhart. Tha an curraicealam air a leasachadh gus ceòl, cultar, teicneòlas, spòrs, an sgìre agus cànan ionadail fhilleadh a-steach gus fèin-aithne làidir cloinne a leasachadh a thaobh na Gàidhlig agus na sgìre ionadail. Tha seann sgoilearan a' tilleadh don sgoil aca mar thidsearan, agus ann an dreuchdan luachmhor eile. Bidh clann ann am Foghlam tro Mheadhan na Beurla cuideachd a' faighinn eòlas air fìor dheagh ionnsachadh eadar-ghnìomhach na Gàidhlig mar chànan a bharrachd. Tha an galar lèir-sgaoilte air dàil a chur air an adhartas aca. Bidh tidsearan a' cleachdadh thoraidhean iomchaidh bho rannsachadh foghlaim gus deagh bhuidh a thoirt air adhartas cloinne.”

Faodar a h-uile aithisg sgrùdaidh sgoile, a' gabhail a-steach eisimpleirean de dheagh chleachdadh a tha airidh air sgaoileadh, a leughadh aig:

[Lorg aithisg sgrùdaidh | Lorg aithisg sgrùdaidh | Sgrùdadh agus Lèirmheas | Foghlam Alba](#)

Gheibhear aithisgean sgrùdaidh eile aig:

<https://education.gov.scot/inspection-and-review/hm-chief-inspector-reports-and-guidance/>

Chi sibh bhidio an seo bho Bun Sgoil Àth Tharacaill agus mar a tha Fhoghlam tro mheadhan na Gàidhlig air a libhrigeadh anns an sgoil.

<https://www.youtube.com/watch?v=EtVixrE-EzA>

HM Inspector reports and guidance

Inspection and review supports improvement, provides strategic direction and independent professional advice. Below is an extract from a recently published inspection report that illustrates highly-effective practice in Gaelic Medium Education. Comann nam Pàrant acknowledges the work of all teachers in helping children to develop their fluency following the impact of the pandemic.

“The headteacher and staff have made systematic and robust use of the “Advice on Gaelic Education” as a self-evaluation audit over time in the school. As a result, there has been steady and successful progress in increasing the numbers in Gaelic Medium Education. Almost all enrolments in the school are for Gaelic Medium Education. The headteacher and staff have a very strong understanding of the principles of immersion and how it is taken forward. The curriculum is developed to integrate music, culture, technology, sport, the local area and language to develop children’s strong sense of identity with Gaelic and their local area. Former pupils are returning to their school as teachers, and other valuable roles. Children in English Medium Education also experience some high-quality interactive learning of Gaelic as an additional language. Their progress has been interrupted by the pandemic. Teachers apply relevant findings from educational research to impact positively on children’s progress.”

All school inspection reports, including examples of practice worthy of sharing can be read at [Find an inspection report | Find an inspection report | Inspection and Review | Education Scotland](#)

Other inspection reports can be accessed at:

<https://education.gov.scot/inspection-and-review/hm-chief-inspector-reports-and-guidance/>

You will see a video here from Acharacle Primary School and how Gaelic Medium Education is delivered in the school.

<https://www.youtube.com/watch?v=EtVixrE-EzA>



Survey PRAEG

Seo agaibh cothrom na beachdan agaibh a thoirt seachd agus rudan atharrachadh ann an saoghal BBC ALBA.

Tha mi a' cruinneachadh dhaoine airson survey airson BBC ALBA.

Seo agaibh cha mhòr an aon dòigh far am faigh MG ALBA agus a' BhBC fiosrachadh mu bheachdan dhaoine, agus tha e a' toirt buaidh làidir air na tha an uair sin a' nochdadh air BBC ALBA.

Tha e deatamach beachdan onarach fhaighinn bho dhaoine a tha ag obair ann an obraichean/ coimhearsnachdan Gàidhlig.

Tha survey BBC ALBA a' dol a-mach gach seachdain airson innse na tha còrdadh ri daoine ach cuideachd dè nach eil cho tarraingeach. Tha sin a' ciallachadh an uair sin gu bheil e nas fhasa rudan atharrachadh air BBC ALBA.

Tha an survey goirid, seachdainneil (air-loidhne) agus gheibh an neach airgead gach turas (no faodaidh buidheann coimhearsnachd no carthannas an airgead fhaighinn ma 's e sin a tha iad ag iarraidh).

https://surveypraeg.com/home_en/

Here's an opportunity for you to give your opinions and see real changes made to BBC ALBA.

I'm recruiting people to fill in a short survey about BBC ALBA.

This is one of the only ways MG ALBA and BBC ALBA get to hear viewer's opinions, and your responses massively impact what is shown on BBC ALBA.

It's vital we get honest feedback from those involved in different Gaelic groups/ communities and would really appreciate hearing all your thoughts.

This is the survey BBC ALBA use to inform what viewers want to watch, and they need honest feedback- to make positive improvements.

It's a short weekly online survey and you can earn money every time you fill one in (or you can donate the money to a local community group or charity of your choice). There are also often prize draws for those who complete the survey.

https://surveypraeg.com/home_en/



Early Year's Update

Before the schools finished up for the summer holidays we had the first ever meeting for our new early years group in Peebles. Around 10 children and their parents joined Kirsteen for a Teddy Bears Picnic in the park. Once schools return in a couple of weeks the group will be meeting weekly on Friday mornings from 10 – 1130 in the Drill Hall, Peebles.

Throughout the summer holidays our early years team have been running events for families and their 0-3 year olds in the Western Isles. Their first event was a meet-up at the beach in Bayble. The sun shone and we had a great turnout of families. June and Kirsteen helped the children make some crafts and finished the meet-up with some action songs. Most of the children enjoyed a splash in the sea while they were there too! The following week they were joined by our other team member Anne and led an indoor event in Stornoway. They delivered four song and story sessions at the HebCelt Festival on Friday and Saturday afternoon of the festival weekend. It was great to see families who regularly attend our early years groups on both the island and the mainland attending our sessions at the festival.

June and Anne delivered another three outdoor sessions in Lewis/Harris – in Ness, Dail Mòr and Seilebost. They have also taken Thig a Chuich across to the Uists and Barra, with a three day visit to lead sessions in North and South Uist and Barra at the beginning of August.

Kirsteen returned to the central belt in time to work together with City of Edinburgh's Early Years officer in leading an early years event in Edinburgh's Botanic Gardens at the beginning of August. In the middle of August she will be bringing Gaelic to the Edinburgh International Book Festival with four Gaelic Bookbug sessions.

Ùrachadh air na Tràth-bhliadhnaichean

Mus do chrìochnaich na sgoiltean airson saor-làithean an t-samhraidh, chaidh a' chiad choinneamh riamh a chumail aig ar buidheann tràth-bhliadhnaichean anns na Pùballan. Bha timcheall air deichnear chloinne agus am pàrantan an cuideachd Kirsteen airson cuirm-chnuic nan teadaidhean sa phàirc. Às dèidh do na sgoiltean ath-thòiseachadh an ceann seachdain no dhà, coinnichidh a' bhuidheann gach seachdain air madainn Dihaoine bho 10 –1130 anns an Drill Hall, Na Pùballan.

Tro shaor-làithean an t-samhraidh tha sgioba nan tràth-bhliadhnaichean againn air a bhith a' ruith thachartasan do theaghlaichean agus an cuid chloinne aois 0-3 anns na h-Eileanan an Iar. Bha a' chiad tachartas aca na chùram tràighe ann am Pabail. Bha a' ghrian a' deàrsadh agus bha sluagh mòr de theaghlaichean an làthair. Chuidich June agus Kirsteen a' chlann le bhith a' dèanamh obair-chiùird agus chuir iad crìoch air a' choinneimh le beagan òrain gnìomha. Chòrd e ris a' mhòr-chuid den chloinn a bhith a' grunnachadh sa mhuir fhad 's a bha iad ann cuideachd! An ath sheachdain bha ar ball sgioba eile, Anne, còmhla riutha agus stiùirich sinn tachartas a-staigh ann an Steòrnabhagh. Libhrig iad ceithir seiseanan òrain is sgeulachdan aig Fèis HebCelt Dihaoine agus feasgar Disathairne air deireadh-seachdain na fèise. Bha e math teaghlaichean fhaicinn aig an fhèis a bhios a' frithealadh nam buidhnean tràth-bhliadhnaichean againn san eilean agus air tìr-mòr.

Libhrig June agus Anna trì seiseanan eile a-muigh ann an Leòdhas/Na Hearadh – ann an Nis, Dail Mòr agus Seilebost. Tha iad cuideachd air Thig a Chluich a thoirt a-null a dh'Uibhist is Barraigh, le turas trì latha agus seiseanan a stiùireadh ann an Uibhist a Tuath agus a Deas agus ann am Barraigh aig toiseach an Lùnastail.

Thill Kirsteen do mheadhan na h-Alba a dh'obrachadh còmhla ri oifigear Tràth-bhliadhnaichean Baile Dhùn Èideann agus tachartas tràth-bhliadhnaichean a stiùireadh ann an Gàrraidhean Luibh-eòlais Dhùn Èideann tràth san Lùnastal. Bheir i a' Ghàidhlig do dh'Fhèis Leabhraichean Eadar-nàiseanta Dhùn Èideann le ceithir seiseanan Bookbug Gàidhlig.



Comunn na Gàidhlig

Aig toiseach an t-luchar bha dà Champa Sradagan gu math soirbheachail againn a-rithist! 'S ann airson òigridh aois 8-12 a tha Campa Sradagan, is e seachdain làn thachartasan spòrsail. Am-bliadhna bha sinn a' fuireach aig Fairburn Activity Centre, is rinn sinn bòrd-seasamh, àradh Iacob, crating, tag leusair, is tòrr thachartasan spòrsail eile! Fhuair sinn cuideachd cothrom tadhail air Gearastan Dheòrsa agus Ross County FC! Abair spòrs a bh' againn uile, is sinn a' dèanamh fiughair ris na campaichean an ath-bhliadhna! Tha album againn bhon a' chiad Campa Sradagan air [Facebook](#) ma tha sibh airson barrachd dealbhan fhaicinn!

Tha na h-oifigearan air a bhith trang a' tabhainn iomadh diofar thachartas spòrsail na samhraidh sna sgìrean aca, is iad cuideachd a' tabhainn tachartas ùr – BRAG(AIL)! 'S e seachdain sònraichte a th' ann am BRAG(AIL)! le òigridh eadar C6-S2 a' tighinn còmhla airson spòrs is gàire. Ma tha sibh airson faicinn na tha sinn ris, lean ar meadhanan sòisealta!

Bidh sinn a' faighinn deiseil airson tilleadh gu na tachartasan àbhaisteach againn nuair a thilleas na sgoiltean. Faic ar [làrach-lìn](#) airson an lomairt as fhaisge oirbh is cuir fios dha na h-oifigearan againn son fios mu na tachartasan àbhaisteachd aca!

At the beginning of July, we ran another 2 successful Campa Sradagan! Campa Sradagan is aimed at young people aged 8-12, and it is a jam-packed week full of exciting activities. This year we were based at Fairburn Activity Centre, and we tried paddleboarding, Jacob's ladder, crating, laser tag, and lots of other exciting activities! We also went on a trip to Fort George and were given a tour around Ross County FC! We all had a great time, and we are already looking forward to the camps next year! We have a photo album on [Facebook](#) of the first Campa Sradagan if you would like to see more pictures!

Our officers have been busy running their summer activities, with them introducing the new BRAG(AIL)! week! BRAG(AIL)! is aimed at young people from P6-S2, and it brings them together with fun and interesting activities and days out. If you want to see what we've been up to check out our social media!

We'll be getting ready to run our regular activities once schools have returned. Check out our [website](#) to see where your nearest lomairt is, and get in touch with our officers to find out more about their regular activities!



Dealbhan Campa Sradagan 2023

